

POILEASaidh AIRSON RIARACHADH MAOIN GNÌOMHACHAIDH ACHD NA GàIDHLIG (GLAIF) 2009-10

Bun-fhiosrachadh

1. Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba le co-ionannachd spèise ris a' Bheurla.
2. 'S e fear dhe na prìomh fheartan aig Achd 2005 an cumhachd aig Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan iomchaidh poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh is a liubhairt dhan Bhòrd airson aonta. Chaidh an cumhachd seo a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun gabh an roinn phoblach ann an Alba com-pàirt ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd dhan Ghàidhlig le bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a làthaireachd agus a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cur gu feum. Tha Ministearan na h-Alba air maoin a thoirt dhan Bhòrd gus cuideachadh le bhith a' cur nam planaichean sin an gnìomh.
3. Tha an Achd a' dèanamh cinnteach gum bi na h-ùghdarrasan poblach agus com-pàirtichean eile a' gabhail pàirt ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd dhan Ghàidhlig.

Adhbhar GLAIF

4. 'S e prìomh adhbhar GLAIF, taic a chumail ri cur an gnìomh nam Planaichean Gàidhlig a thèid ullachadh le ùghdarrasan poblach fo fhrèam Achd 2005. Bidh GLAIF air a cleachdadh airson taic a chur ri iomairtean a chuireas ri comasachd nan ùghdarrasan poblach na Planaichean Gàidhlig aca a libhrigeadh.
5. Mar as trice cha chleachd am Bòrd GLAIF gus maoin a chur ri ullachadh phlanaichean no ri gnìomharan Gàidhlig a tha ann cheana.
6. Feumaidh iarrtas bho bhuidheann sam bith eile dearbhadh gu soilleir an dàimh a tha aige ri Plana Gàidhlig reachdail, aontaichte, no ri solar air a ghabhail a-staigh leis an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig* no le *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Bu chòir nàdar a' chom-pàirteachais ri buidheann phoblach a bhith air a mhineachadh, a' gabhail a-staigh na h-uidheim libhrigidh.

Rianachd GLAIF

7. 'S ann ris a' Bhòrd a tha e an urra a bhith a' rianachd an £1.4 millean aig GLAIF, agus thèid GLAIF a riarachadh air buidhnean iomchaidh a rèir nam prìomhachasan a tha air am mìneachadh ann an **Leas-phàipear A**, le co-dhùnadh a rèir an t-siostaim sgòraidh ann an **Leas-phàipear B**.

Bun-phrionnsapalan aig cleachdadh GLAIF

8. 'S e prìomh amas a' Bhùird le bhith a' cur GLAIF an sàs nach fhaicear na thathar a' cosg air seirbheisean tron Ghàidhlig mar "chosgais air Gàidhlig" ach mar chaiteachas air seirbheisean a tha mar a thachras tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am Bòrd airson cultar a chruthachadh am measg bhuidhnean sam measar seirbheisean is obrachadh Gàidhlig mar nithean àbhaisteach gnàthach dham bu chòir planadh. 'S e ar n-amas san fhad-ùine gum pàighear cosgaisean Gàidhlig às a' phrìomh shruth le taic bho bhuidseatan a tha ann cheana. Tha sinn ag aithneachadh, ge-tà, gum bi feum sa

gheàrr-ùine air taic tòiseachaidh a thoirt do chuid de raointean sònraichte de leasachadh na Gàidhlig, agus 's e sin am bunait air an tèid GLAIF a chur an sàs.

9. Bidh cothrom fhathast aig a' Bhòrd air GLAIF ann an 2009-10 agus 2010-11 co-dhiù, ga dhèanamh comasach aontachadh air taic do phròiseactan airson ùine sam bith suas gu deireadh a' Mhàirt 2011 a thèid a shònrachadh sa chùmhnannt maoineachaidh. Gidheadh, tha mòran dhe GLAIF anns na bliadhnaichean sin air a ghealltainn mar-thà ri pròiseactan a fhuair taic an toiseach ann an 2008-09.
10. San àbhaist cha toir am Bòrd seachad 100% dhen mhaoin airson pròiseactan agus feumaidh luchd-tagraidh sealltainn sna tagraidhean aca an ìre de mhaoin maidsidh a tha iad am beachd a chur ris an iarrtas. Tha am Bòrd an dùil gun cuir e maoin tabhartais ri pròiseactan ioma-bhliadhnail air bunait lughdachaidh sa cheud, mar eisimpleir, Bliadhna 1 - 80%, Bliadhna 2 - 50%, Bliadhna 3 - 0%. Bidh leantais maoineachaidh do phròiseactan ioma-bhliadhnail an crochadh ri aithisgean dòigheil dearcnachaidh.
11. Thar na dà bhliadhna a tha romhainn, thèid an àireamh de bhuidhnean a bhios a' deasachadh Phlanaichean Gàidhlig am meud agus tha sinn an dùil gun tèid an fhèill air GLAIF an-àird. Mar sin dheth thèid prìomhachas a thoirt do dh'iarrtasan bho bhuidhnean nach d' fhuair ach beagan de thaic bho GLAIF cheana ma fhuair idir, agus dhaibhsan a fhuair fios Plana ullachadh no tha a' cur Plana aontaichte an gnìomh cheana.

Iomchaidheachd airson taic bho GLAIF

12. Tha am Bòrd a' sireadh iarrtasan airson maoineachaidh bho:

- ùghdarrasan poblach a tha a' cur an gnìomh, no gu bhith a' cur an gnìomh, Plana Gàidhlig reachdail
- ùghdarrasan poblach air an ainmeachadh sa phrògram fios-plana air fhoillseachadh leis a' Bhòrd airson iarraidh orra Plana Gàidhlig reachdail ullachadh
- ùghdarrasan poblach nach eil an dùil ri iarrtas gus Plana Gàidhlig ullachadh sa gheàrr-ùine ach a tha airson an taic aca ris a' Ghàidhlig adhartachadh san eadar-àm
- buidhnean nach eil a' tighinn fo sgèith Achd 2005, leithid companaidhean prìobhaideach agus buidhnean saor-thoileach, a tha airson cur ris an àrainneachd taice anns an tèid Planaichean Gàidhlig air an aontachadh le Bòrd na Gàidhlig a chur an gnìomh.

Riaghladh èifeachdach

13. Cuiridh am Bòrd fàilte air co-iarrtasan maoineachaidh bho ùghdarrasan poblach no bho bhuidhnean eile a dhearbhas an luach a bhiodh ann a bhith ag obair an com-pàirteachas tro cho-roinn sheirbheisean, co-mhaoineachadh pròiseactan, msaa.

Lèirmheas poileasaidh

14. Tha am Bòrd an dùil am poileasaidh seo ùrachadh bho àm gu àm.

Mar a chuirear airson taic bho GLAIF

15. Thathar an dùil gun lìon buidhnean a-staigh aon foirm iarrtais, MG1, mu choinneamh gach pròiseact a thèid cur a-steach air a son. Chan eil foirm eile ri lìonadh a-staigh aig an ìre seo.
16. Chan fheumar cur a-steach às ùr airson pròiseact ioma-bhliadhnail a tha a' leantainn bho mhaoineachadh ann an 2008-09, is an aithisg deireadh-bliadhna anns a' Mhàrt 2009 a' freagairt na feumalachd seo.
17. Bu chòir iarrtasan airson maoin a bhith air an cur a-steach chun a' Bhùird cho luath 's a ghabhas, agus air 30 Giblean 2009 aig a' char as fhaide. Tha sinn an dùil co-dhùnadh a dhèanamh air maoineachadh do dh'iarrtasan ro dheireadh a' Chèitein 2009.
18. Bidh e mar chumha airson na maoine a gheibhear bhon Bhòrd gun aithnichear aig gach àm iomchaidh an taic a fhuaras bhon Bhòrd. Feumar fios air adhartas nam pròiseactan a chur gu cunbhalach chun a' Bhùird, cho tric 's a bhios air a shònrachadh sa chùmhnannt maoineachaidh.
19. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn GLAIF, agus am foirm iarrtais, bho:

Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis IV2 7PA

Fòn: 01463 225454
Post-d: glaif@bng.org.uk

Gheibhear am fiosrachadh seo cuideachd air làrach-lìn a' Bhùird:-
www.bord-na-gaidhlig.org.uk/planaichean-gaidhlig.html

LEAS-PHÀIPEAR A

PRÌOMHACHASAN AIRSON CLEACHDADH GLAIF

A' cuideachadh leis an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*

1. Tha am Bòrd air stiùireadh reachdail ullachadh a bheir iùl do dheasachadh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean dhan do liubhair am Bòrd fios-plana.
2. Ann an earrann 6 dhen stiùireadh, tha am Bòrd a' cur an cèill diofar in-raointean agus às-raointean obrachaidh sa bheil e ag iarraidh air ùghdarrasan poblach gealltainn dè an taic a chumas iad ris a' Ghàidhlig. Seo na raointean air an cuimsich sinn le bhith a' cur GLAIF an sàs.

A' cuideachadh le *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*

3. Tha am Bòrd cuideachd a' sùileachadh gum mìnich ùghdarrasan poblach sna Planaichean Gàidhlig aca ciamar a chumas iad taic ri cur an gnìomh *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig*. Tha am Plana Nàiseanta a' sònrachadh grunn raointean prìomhachais thairis air farsaingeachd planadh cànan, agus chuireamaid fàilte air iarrtasan airson leasachadh anns na raointean seo a chuireadh ri buaidh nam Planaichean Gàidhlig a tha no a bhitheas air an aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Slatan-tomhais maoineachaidh

4. Leis an sin thèid beachdachadh air pròiseactan a nochdas cothrom gu bhith:

Aithne	Ag àrdachadh làthaireachd is inbhe na Gàidhlig ann an aithne chorporra is soidhnichean
Conaltradh	A' dèanamh cinnteach gun àrdaich ùghdarrasan poblach làthaireachd is cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios iad a' dèiligeadh ris a' phoball no ri buidhnean eile
Foillseachaidhean	A' cur ri faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig nuair a thèid fiosrachadh poblach a sgaoileadh
Luchd-obrach	A' leasachadh sgilean cànan Gàidhlig san àite-obrach, a' cur ri mothachadh is misneachd às a' Ghàidhlig, agus a' solarachadh ghoireasan a chumas taic ri cleachdadh cànan
Togail Cànan	A' cur ris, agus a' cumail taic ris, an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig a bhios a' togail na Gàidhlig san dachaigh, tro fhoghlam foirmeil, no tro ionnsachadh coimhearsnachd do dh'inbhich
Cleachdadh Cànan	Ag adhartachadh gu h-èasgaidh cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd agus san àite-obrach, agus a' cur ri leasachadh dhan chànan ann an saoghal nan ealain, nam meadhanan, an dualchais, na turasachd agus nan cur-seachad
Inbhe Cànan	Ag àrdachadh na tha ri fhaicinn agus ri chluinntinn dhen Ghàidhlig agus a' cruthachadh ìomhaigh fhiughaireach dhan chànan
Corpas Cànan	Ag àrdachadh ìomchaidheachd is cunbhalachd is solar na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh air a' chanan

LEAS-PHÀIPEAR B

SIOSTAM SGÒRAIDH AIRSON BUILEACHADH GLAIF

1. Thèid iarrtasan airson GLAIF a sgòradh ann an coimeas ri iarrtasan eile a rèir nan sgòran a leanas:

2009-10		
	Prìomhachasan Poileasaidh	Iomchaidheachd Pròiseict
5	Tha a' phròiseact a' freagairt gu tur air na slatan-tomhais, agus a' nochdadh sàr luach, agus buaidh fhad-ùineach agus/no deagh chleachdadh do bhuidhnean eile, air adhbhar(an) gu bhith air an comharrachadh agus air an cur an cèill leis a' Bhòrd. Air neo, pròiseact dhan tugadh gealltanais air measadh fàbharach no air leantainneachd ann an cuairt GLAIF cheana, agus a tha air dùilean a shàsachadh no a tha air clàradh gus tòiseachadh.	—
4	Tha a' phròiseact a' freagairt gu tur air na slatan-tomhais, bho bhuidheann a fhuair £15k no nas lugha bho GLAIF 2008-09.	—
3	Tha a' phròiseact a' freagairt gu tur air na slatan-tomhais, bho bhuidheann a fhuair còrr is £15k bho GLAIF 2008-09.	Pròiseact dhan tugadh gealltanais air measadh fàbharach no air leantainneachd ann an cuairt GLAIF cheana.
2	Tha a' phròiseact a' freagairt gu ìre air na slatan-tomhais, air neo a tha na pròiseact dhan tugadh gealltanais ann an cuairt GLAIF cheana nach eil a' sàsachadh dùilean, bho bhuidheann a fhuair £15k no nas lugha bho GLAIF 2008-09.	Pròiseact dham bheil aonta ùghdarras a tha fo chumhaichean Achd 2005 no aonta Bhòrd na Gàidhlig, le dàimh dhìreach dhan Phlana Ghàidhlig reachdail, aontaichte aige no ri solar air a ghabhail a-staigh leis an <i>Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig</i> .
1	Tha a' phròiseact a' freagairt gu ìre air na slatan-tomhais, air neo a tha na pròiseact dhan tugadh gealltanais ann an cuairt GLAIF cheana nach eil a' sàsachadh dùilean, bho bhuidheann a fhuair còrr is £15k bho GLAIF 2008-09.	Pròiseact dham bheil aonta ùghdarras a tha fo chumhaichean Achd 2005 no aonta Bhòrd na Gàidhlig, le dàimh dhìreach dha <i>Plana Nàiseanta na Gàidhlig</i> .
fàillig	Chan eil a' phròiseact a' freagairt air na slatan-tomhais airson ionmhas GLAIF.	Chan eil aonta aig a' phròiseact bho ùghdarras fo chumhaichean Achd 2005 no aonta Bhòrd na Gàidhlig.

POLICY FOR THE DISTRIBUTION OF THE GAELIC LANGUAGE ACT IMPLEMENTATION FUND (GLAIF) 2009-10

Background

1. The Gaelic Language Act (Scotland) 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.
2. One of the key features of the 2005 Act is the provision enabling Bòrd na Gàidhlig to require relevant public authorities to prepare and submit to the Bòrd for approval Gaelic Language Plans. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in creating a sustainable future for Gaelic by raising its status and profile and creating practical opportunities for its use. The Scottish Ministers have provided the Bòrd with funding to assist in the implementation of those plans.
3. The Act, and the establishment of Bòrd na Gàidhlig, ensures that public sector authorities and other stakeholders play their part in creating a sustainable future for Gaelic.

Purpose of GLAIF

4. GLAIF is primarily for the purpose of supporting the implementation of Gaelic Language Plans prepared by public authorities under the framework of the 2005 Act. GLAIF will be used to support initiatives which develop the capacity of public authorities to deliver on their Gaelic Language Plans.
5. The Bòrd would not ordinarily expect to use GLAIF to fund the preparation of plans or to fund existing Gaelic activity.
6. An application from any other interested organisation will have to clearly demonstrate its relationship to an approved statutory Gaelic Language Plan, or to provisions covered by the *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans* or the *National Plan for Gaelic*. The nature of the partnership with a public authority should be detailed, including the delivery mechanism.

Management of GLAIF

7. The Bòrd is responsible for the management of the £1.4 million GLAIF, and GLAIF will be distributed to relevant bodies in line with the priorities set out in **Annex A**, with a decision reached on the basis of the scoring system in **Annex B**.

Principles underlying the use of GLAIF

8. The Bòrd's starting point for the use of GLAIF is that expenditures on Gaelic-medium services should not be seen as "expenditure on Gaelic" but as expenditure on services which happen to be through the medium of Gaelic. The Bòrd wishes to create a culture amongst organisations that Gaelic services and operations are normal, regular and should be planned for. Our long-term goal is that Gaelic language expenditure should be mainstreamed and supported from existing budgets. We recognise, however, that in the short-term there is a need to pump-prime some particular areas of Gaelic development, and that is the basis on which GLAIF will be used.

9. GLAIF is available to the Bòrd for at least 2009-10 and 2010-11, enabling projects to be supported for any agreed period of time up to the end of March 2011 which will be specified in the funding contract. However, much of GLAIF in those years has already been committed to projects which received support initially in 2008-09.
10. The Bòrd will not normally expect to provide 100% funding for projects and applicants will be required to show in their application the level of matched funding which they intend to contribute. The Bòrd would expect to provide grant funding for multiple-year projects on a reducing percentage basis, for example, Year 1 - 80%, Year 2 - 50%, Year 3 - 0%. Continued funding for multiple-year projects will be subject to satisfactory monitoring reports.
11. Over the course of the next two years, the number of bodies developing Gaelic Language Plans will increase and we expect the demand on GLAIF to grow. Priority will therefore be given to applications from those bodies which have received little or no previous support from GLAIF, and those notified to produce plans or which are currently implementing approved plans.

Eligibility for support from GLAIF

12. The Bòrd invites applications for funding from:
 - public authorities that are currently implementing or about to implement a statutory Gaelic Language Plan
 - public authorities named in the Bòrd's published notification programme who will be asked to prepare a statutory Gaelic Language Plan
 - public authorities who are unlikely to be asked to prepare a Gaelic Language Plan in the immediate future, but who wish in the meantime to progress their support for Gaelic
 - bodies not covered by the provisions of the 2005 Act, such as private companies and voluntary bodies, who wish to enhance the environment of support in which those Gaelic Language Plans approved by Bòrd na Gàidhlig will be implemented.

Efficient Government

13. The Bòrd will look favourably on joint applications for funding from public authorities or other organisations who can demonstrate the added value to be achieved through partnership working in respect of sharing services, joint-funding of projects, etc.

Policy review

14. The Bòrd expects to update this policy on an on-going basis.

How to apply for support from GLAIF

15. Organisations will be expected to complete a single application form, MG1, for each project applied for. No other form will be required at this stage.
16. There is no need to reapply for a multi-year project continuing from funding in 2008-09, with the year-end report in March 2009 fulfilling this purpose.
17. Applications for funding should be submitted to the Bòrd as soon as possible, and no later than 30 April 2009 at the latest. We expect to make funding decisions on applications by the end of May 2009.
18. It will be a condition of grant funding from the Bòrd that recipients must acknowledge Bòrd support on all suitable occasions. Regular details on the progress of projects will require to be submitted to the Bòrd, at a frequency to be specified in the funding contract.
19. Further details about GLAIF, and the application form, are available from:

Bòrd na Gàidhlig
Darach House
Stoneyfield Business Park
Inverness IV2 7PA

Tel: 01463 225454

E-mail: glaif@bord-na-gaidhlig.org.uk

This information can also be accessed from the Bòrd's website:-
www.bord-na-gaidhlig.org.uk/gaelic-language-plans.html

ANNEX A

PRIORITIES FOR USE OF GLAIF

Assisting with the *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans*

1. The Bòrd has prepared statutory guidance which gives direction on the development of the Gaelic Language Plans of bodies which have received notification from the Bòrd.
2. In section 6 of the guidance, the Bòrd outlines various internal and external areas of operation in which it requires public authorities to give undertakings as to the support they will give to Gaelic. These are the areas on which we will focus in the apportionment of GLAIF.

Assisting with the *National Plan for Gaelic*

3. The Bòrd also expects public authorities to describe in their Gaelic Language Plans how they will assist with the implementation of the *National Plan for Gaelic*. The National Plan specifies several priority areas over the full spectrum of language planning, and we would welcome applications for development in these areas which would enhance the impact of the National Plans which are or will be approved by Bòrd na Gàidhlig.

Funding criteria

4. Consideration will therefore be given to projects which demonstrate an opportunity to:

Identity	Increasing the presence and status of Gaelic in corporate identity and signage
Communications	Ensuring that public authorities increase the profile and use of Gaelic when dealing with the public or other bodies
Publications	Enhancing the visibility and status of Gaelic in the dissemination of public information
Staffing	Developing workplace Gaelic language skills, raising awareness and confidence in relation to Gaelic, and providing resources which support language usage
Language Acquisition	Increasing and supporting the number of Gaelic speakers acquiring the language in the home, through mainstream education, or through adult community learning
Language Usage	Actively promoting the community and workplace use of Gaelic and the increased development of the language in the arts, media, heritage, tourism and leisure sectors
Language Status	Increasing the visibility and audibility of Gaelic and creating a positive image of the language
Corpus Planning	Increasing the relevance, consistency and availability of Gaelic, and the promotion of research into the language

SCORING SYSTEM FOR THE ALLOCATION OF GLAIF

1. Applications for GLAIF will be scored against other applications according to the following scores:

2009-10		
	Policy Priorities	Eligibility of Project
5	Project fully meets the criteria, and demonstrating exceptional value, and long-term impact and/or good practice for other bodies, for reason(s) to be identified and stated by the Bòrd. Or, a project to which a commitment for favourable consideration or continuation was given in an earlier GLAIF round, and which has met expectations or is timetabled to start.	—
4	Project fully meets the criteria, from a body in receipt of £15k or less from GLAIF 2008-09.	—
3	Project fully meets the criteria, from a body in receipt of over £15k from GLAIF 2008-09.	Project to which a commitment for favourable consideration or continuation was given in an earlier GLAIF round.
2	Project partially meets or is unable to demonstrate meeting the criteria, or is a project with a commitment from an earlier GLAIF round which is failing to meet expectations, from a body in receipt of £15k or less from GLAIF 2008-09.	Project endorsed by an authority covered by the provisions of the 2005 Act or Bòrd na Gàidhlig, with a direct relationship to its approved statutory Gaelic Language Plan or to provisions covered by the <i>Guidance on the Development of Gaelic Language Plans</i> .
1	Project partially meets or is unable to demonstrate meeting the criteria, or is a project with a commitment from an earlier GLAIF round which is failing to meet expectations, from a body in receipt of over £15k from GLAIF 2008-09.	Project endorsed by an authority covered by the provisions of the 2005 Act or Bòrd na Gàidhlig, with a direct relationship to the <i>National Plan for Gaelic</i> .
fail	Project does not meet the criteria of GLAIF funding.	Project not endorsed by an authority covered by the provisions of the 2005 Act or Bòrd na Gàidhlig.